



Tìotal: Gam dhìon/Droch-dhìol agus dàimhean

Pàirt 1: Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none">Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a	<ul style="list-style-type: none">Ag aithneachadh droch-dhìol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus fios a bhith aca càit an tèid iad airson cuideachadh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann gu bheil gach diofar seòrsa droch-dhìol ceàrr.
- Gum bi fios aig clann càit am faigh iad tuilleadh fiosrachaidh agus taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Aithnichidh mi na diofar sheòrsaichean droch-dhìol a dh'fhaodas clann fhulang.
- Aithnichidh mi gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr.
- Togaidh mi misneachd sna faireachdainnean agam fhìn agus nam cho-dhùnaidhean mu na tha a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte no ceart/ceàrr dhòmhsa.
- 'S aithne dhomh inbhich earbsach a bheir dhomh cuideachadh ma tha iomagain orm no ma tha ceist agam.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Cairtean airson 'charades faireachdainnean'.
- Soidhnichean mòra òrdag suas/sìos.
- Prop Solais trafaig, eadar dithis, le càirtean airson àite a chomharrachadh.

NÒT: Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais soilleir ann a bhith ag aithneachadh gum bu chòir fios a bhith aig clann gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr. Airson seo a choileanadh, feumaidh a' chlann ionnsachadh na tha sinn a' ciallachadh le droch-dhìol airson 's gun aithnich iad e ma thachras e no ma tha cunnart gun tachair e dhaibh.

Bu chòir na leasain seo a dhèanamh ann an sreath agus mar sheata obrach. Ma chailleas pàiste clas sam bith leis gu bheil iad far na sgoile, bu chòir gach oidhirp a dhèanamh airson gum faigh iad cothrom beireachdainn air an obair clas/buidheann seo.

Bu chòir do thidsearan/luchd-teagaisg a tha a' libhrigeadh na h-obrach seo a bhith air trèanadh dìon-chloinne làithreach a dhèanamh air a libhrigeadh leis a' bhuidheann aca. Bu chòir dhan tidsear/neach-foghlaim a bhith eòlach air a' chloinn sa bhuidheann/chlas. Far am faod cùisean ris a bheilear a dèiligeadh iomagain/uallach adhbhrachadh do phàiste, bu chòir bruidhinn ris a' phàiste agus ris na pàrantan/luchd-cùraim mar tha freagarrach airson faighinn a-mach a bheil am pàiste airson pàirt a ghabhail san leasan agus dè an taic a bhios a dhìth.

Obair

1. Tòisich an leasan ann an cearcall 's a' chlann faisg gu leòr airson do chluinntinn a' bruidhinn ann an guth ìosal. Inns gu bheil an leasan seo mu bhith a' tuigsinn nam faireachdainnean againn, gach diofar seòrsa faireachdainn, agus gum bi sinn ag obair an-diugh air na nì sinn ma tha rud a' tachairt nach toigh leinn. Mar sin bidh sinn a' bruidhinn an-diugh mu bhith a' faireachdainn sàbhailte agus ceart gu leòr agus mura bheil sinn a' faireachdainn mì-shàbhailte agus ceart gu leòr.
2. **Charades.** Seall an gèam seo dhan chlas (prop Cairtean charades). 'S e gèam a tha seo do chlann a tha deònach. 'S dòcha gum bi a' chlann eòlach air charades no gun do chluich iad gèam coltach ris mar-thà. Mura do chluich, can riutha gu bheil 'faireachdainn' air gach cairt agus gu bheil aig an neach ri smaoinichadh air charade/cleasachd/gluasad a sheallas an faireachdainn sin, gun fhaclan. Feumaidh na daoine eile feuchainn ri obrachadh a-mach dè an faireachdainn a th' ann. Tha molaidhean ann airson chairtean, agus cuir riutha mar a tha thu a' meas freagarrach. Dèan a' chiad chairt agus mìnich sin dhan chlas ma tha sin feumail. (Seo na faireachdainnean a tha air am moladh: toilichte/brònach/air bhioran/ fo iomagain/feargach/troimh-a-chèile/nearbasach/coma/moiteil/daingeann (Fada nan ceann)/ann an gaol/ionganatas/sgìth/eagal/air do bhòdhradh/misneachail). Às dèidh gach charade faighnich:
 - **An robh e furasta faireachdainnean an neach aithneachadh le bhith a' coimhead orra?**
 - **Ciamar a bhios sinn a' faireachdainn nar bodhaig nuair a tha sinn a' faireachdainn mar seo?** Ma tha e cuideachail, inns gu bheil sinn a' bruidhinn mun seo bhon nach bi sinn daonnan cinnteach ciamar a tha sinn a' faireachdainn mu rud no suidheachadh, ach bidh a' bhodhag againn ag innse dhuinn. 'S dòcha gum fairich sinn mar gu bheil dealain-dè nar stamag, no gum bi sinn a' faireachdainn tinn no troimh-a-chèile no gu math furachail 's msa.
 - Can gum faod diofar dhaoine a bhith a' faireachdainn eadar-dhealaichte.

Aig deireadh a' ghèam cleachd na ceistean seo (air an t-slaighd) airson còmhradh

- **An robh cuid de faireachdainnean nas duilghe aithneachadh? (Cùm an liosta faisg air làimh)**
 - **A bheil faireachdainnean ann nach bi sinn airson a shealltainn uaireannan? No am bi sinn uaireannan gan cumail priobhaideach?** *Bruidhnibh air carson.*
3. **Obair dithis/Solais trafaig.** Tha an ath phios-obrach seo don chloinn ag obair ann an dithisean. Cleachd prop nan solais trafaig agus na cairtean suidheachaidh. Seall agus mìnich gum bi seata sholais trafaig aig gach dithis. Gheibh gach dithis cairtean agus air gach cairt bidh suidheachadh. Feumaidh gach pàiste cur romhpa am biodh iad a' faireachdainn mì-shàbhailte/ceàrr (**cuir a' chairt air DEARG**) no 's dòcha nach eil iad cinnteach mu dheidhinn (**cuir a' chairt air ORAINS**), no (**a' faireachdainn sàbhailte/ceart gu leòr (Cuir a' chairt air UAINE)**). Thoir fhèin dhaibh eisimpleir, sgrìobh e air cairt, me 'Tha i dorch a-muigh tràth sa mhadainn, agus feumaidh mi an cù a thoirt air chuairt' Bhithinn a' faireachdainn ...

Dèan soilleir gur e amas a' ghèam gun smaoinich neach às gach dithis mu na cairtean, tè mu seach, gan cur air na dathan a thogras iad. An uair sin nì an dàrna neach an aon rud. Faodaidh iad càch a-chèile a chuideachadh le leughadh agus meòrachadh, ach tha e an urra ri gach pàiste dè tha iad a' smaoinichadh. Cleachdaibh an rùm gu leir airson 's gum bi àite gu leòr aca airson na cairtean a chur a-mach agus còmhradh.

Cairtean solais trafaig

- A' cur seachad ùine còmhla ri neach a tha a' còrdadh rium gu mòr.
 - A' sgioblachadh an rùm agam.
 - Nuair a dh'iarraas antaidh no uncail pòg orm.
 - Nuair a tha neach a' moladh rud nach eil mi airson a dhèanamh.
 - Ma bhuaileas cuideigin mi.
 - Nuair a tha cuideigin gam dhiogladh.
 - Nam biodh srainnsear a' tabhann lioft dhachaigh dhomh sa chàr aca.
 - Nan suathadh cuideigin sna pàirtean prìobhaideach agam.
 - Nam feumainn coiseachd dhachaigh leam fhìn san dorchadas.
 - Ma tha obair-dachaigh ri dhèanamh.
 - Nuair a bhios am biadh as fheàrr leam againn airson dinnear.
4. Till a' bhuidheann air ais còmhla, iarr fios air ais, an robh sibh ag aontachadh no an robh faireachdainnean eadar-dhealaichte agaibh? Brosnaich còmhraidh, dè na rudan a bheir ort faireachdainn mì-shàbhailte/ceàrr agus carson? Ciamar a bhios tu a' faireachdainn nad bhodhaig ma tha faireachdainn mì-shàbhailte/ceàrr agad?
5. **A' faireachdainn CEART ☺/A' faireachdainn CEÀRR ☹:** Inns gu bheil sinn gu bhith a' smaoineachadh air mar a bhios sinn a' faireachdainn ann an diofar shuidheachaidhean – tha 4 sa chiad phàirt dhen ghèam. Seall na soidhnichean mòr air a bheil ☺ agus ☹ . Cuir na soidhnichean aig dà cheann an àit'-obrach/rùm. Inns gu bheil thusa a' dol a leughadh suidheachadh, agus gu bheil aig a' chloinn ri cur romhpa am biodh iad a' faireachdainn ☺ no ☹ – agus a dhol chun an t-soidhne fhreagarrach. Cleachd na slaighdean, leugh a' chiad fhear agus leig leis a' chloinn an inntinnean a dhèanamh suas.

i. A' leum far bòrd-dàibhidh àrd.

Mar a tha seo ag obair: Tha a' chlann ag èisteachd ris na tha sgrìobhte air gach cairt agus a' smaoineachadh air am beachd ☺ no ☹ . Tha an tidsear a' dol chun na cloinne a tha aig a' cheann ☹. Can gu bheil thu airson tuigsinn cho làidir 's a tha iad a' faireachdainn ☹. An e ☹ MÒR LÀIDIR (can seo ann an guth cruaidh, cleachd do bhodhaig) no an e 's dòcha no chan eil mòran dragh ort a tha thu a' faireachdainn (a-rithist cleachd cleasachd airson seo a shealltainn). Faighnich do ghrunn chloinne dè an seòrsa ☹ a tha iad a' ciallachadh. Mar as motha an dràma 's ann as fheàrr, agus as spòrsaile e dhaibh – brosnach seo. Dèan an aon rud ma thuit a' chlann ☺.

An uair sin cleachd na h-eisimpleirean gu h-ìosal, a' taghadh clann a thagh ☺ no ☹ ag iarraidh orra sealltainn cho làidir 's a tha iad a' faireachdainn ☺ no ☹ . Dèan sgrùdadh air carson a thuit iad (y) no (n), agus *ciamar a tha iad a' faireachdainn nam bodhaigean.* 'S dòcha gur e an fhreagairt gu bheil cùisean eile aig a bheil buaidh, me dh'fhaoite gu bheil buaidh aig argamaid/tachartas a thachair bho chionn ghoirid air a bhith a' faireachdainn sàbhailte san raon-cluich. Tha e ceart gu leòr sgrùdadh a dhèanamh air atharrachadh ann am faireachdainnean mar seo air sgàth suidheachadh. Till chun a' mheadhain/ dhan bhuidheann às dèidh gach eisimpleir.

- ii. **A' dol air rolair-còrsair.**
- iii. **A' cluich a-muigh air latha grianach.**
- iv. **A' cluich ann an raon-cluiche na sgoile còmhla ri mo charaidean.**

6. A' leantainn oirnn leis a' ghèam seo, tha na h-ath eisimpleirean a' cuideachadh le bhith a' sgrùdadh a bhith a' faireachdainn ☺ no ☹ **nuair a tha inbheach an sas san t-suidheachadh.** Cuir an cuimhne na cloinne gu bheil seo mu bhith a' faireachdainn ☺ no ☹, chan ann mu bhith ga ràdh. Cleachd na soidhnichean ☺ no ☹ a-rithist agus iarr air a' chloinn bruidhinn mu na faireachdainnean aca nuair a tha iad ga dhèanamh.

- v. **Nuair a dh'fhaighnicheas srainnsear air an eadar-lìon càit a bheil mi a' fuireach.**
- vi. **Nuair a tha inbheach ag iarraidh gun coimhead sinn prògram air an Tbh nach eil mise airson fhaicinn.**

Cruinnich a' chlann air ais còmhla. Cleachd an ath shlaighd airson tòiseachadh air bruidhinn mu bhith **ag ràdh** gu bheil thu AIRSON no AN AGHAIDH rud sna suidheachaidhean air an robh sinn a' bruidhinn. Leugh na dhà a-rithist fear mu seach – cuimhnich dhan chloinn an fhaireachdainn a bh' aca, agus faighnich dhaibh an canadh iad gun robh iad AIRSON no AN AGHAIDH an t-suidheachaidh a' dol leis an fhaireachdainn sin. Ma tha na freagairtean aca eadar-dhealaichte, carson? A bheil e doirbh a ràdh ri inbheach **nach eil thu airson rud.** Carson? An urrainn dhut a ràdh ann an dòigh mhodhail nach eil thu airson rud. An urrainn dhut a ràdh nach eil thu airson rud agus a bhith gu math soilleir gu bheil thu a' ciallachadh nach eil thu air a shon?

7. Inns dhan chloinn gur e ☹ mhòr a bhios sna h-eisimpleirean a leanas bhon h-uile duine, an dà chuid airson faireachdainnean agus a thaobh na chanas pàiste. Mar sin chan fheum sinn a dhol chun an t-soidhne, chan fheum sinn ach seasamh còmhla. Mar sin, leugh a' chaid fhear agus iarr air a h-uile duine an NO as motha as urrainn dhaibh a thoirt seachad, còmhla. An uair sin a bharrachd air an NO as motha, can gum faod iad cuideachd THALLA èigheach ann an guth cruaidh. Feuchaibh seo agus an uair sin feuchaibh e airson nan eisimpleirean a leanas.

- vii. **Nam biodh srainnsear a' tabhann lioft dhachaigh dhomh sa chàr aca.**
- viii. **Ma dh'iarraas cuideigin air-loidhne dealbh dhìom.**
- ix. **Ma shuathas cuideigin sna pàirtean prìobhaideach agam.**

8. Airson crìochnachadh, air ais ann an cearcall. Inns gu bheil a' chlann air a bhith a' smaoinichadh mu mar a tha iad da-rìreabh a' faireachdainn am broinn am bodhaigean mu rudan. Ma tha iad airson rud, faodaidh iad gabhail ris agus mura h-eil iad airson rud faodaidh iad diùltadh. Faodaidh e bhith gum bi iad nearbhasach no tròimh-a-chèile mu bhith a' diùltadh no mu bhith mì-chinnteach. 'S dòcha gum bi iad a' faireachdainn tinn no a' faireachdainn mar gum biodh dealain-dè nan stamag. Thoir an aire, faodaidh e bhith doirbh ma tha thu a' diùltadh inbheach, ach faodaidh tu sin a dhèanamh gu modhail cuideachd. Mu dheireadh daingnich ma tha inbheach no neach òg eile a' moladh rudeigin a tha a' cur an eagail ort no gad fhàgail troimh-a-chèile bidh iad a' faireachdainn gu bheil e CEÀRR agus ma tha iad a' faireachdainn mar seo bu chòir dhaibh NO a ràdh no THALLA! An uair sin faodaidh iad bruidhinn ri neach earbsach, cuimhnich gum faod sibhse bruidhinn riumsa cuideachd. (Bidh sinn a' dèanamh tuilleadh air an tèama seo mu inbhich san cur thu earbsa agus dòighean siridh taic san ath sheisean.)

Ceangal ris an dachaigh

Gabhaidh an teacsa gu h-ìosal a sgoileadh mus dèan a' chlann an obair seo. Tha seo ag innse mun chuspair agus mun obair a bhios iad a' dèanamh:

Anns na làithean/seachdainean a tha romhainn tha a' chlann gu bhith ag obair air cuspair air a bheil Gam dhion. Bidh a' chlann a' smaoinichadh air mar as urrainn dhaibh ionnsachadh na faireachdainnean aca aithneachadh agus earbsa a bhith aca nuair a tha rudeigin a' faireachdainn ceart gu leòr agus nuair a tha iad a' faireachdainn mì-thoilichte no fo iomagain mu rudeigin. Bidh iad a' smaoinichadh air cò thuige as urrainn dhaibh a dhol ma tha iomagain orra. Bidh sinn a' cur an cuimhne na cloinne gu bheil e daonnan nas fheàrr bruidhinn ri cuideigin ma tha dragh orra. 'S dòcha gu bheil thu eòlach air an leabhar *The Huge Bag of Worries* le Virginia Ironside. Tha an leabhar fìor mhath airson a leughadh còmhla ri do phàiste. Faighnich don leabharlann ionadail a bheil e aca. Tha an leabhar a' brosnachadh na cloinne gus bruidhinn mu iomagain. Ionnsaichidh a' chlann mu dheidhinn ChildLine gus am bi fios aca gu bheil e daonnan ann airson an cuideachadh.

Ionnsaichidh sinn cuideachd mu rudan mar burraidheachd agus droch-dhìol fiosaigeach, dearmad agus droch-dhìol feiseil. Bidh sinn a' dèanamh seo airson 's gum bi clann a' tuigsinn agus gum bi cuimhne aca nach bu chòir pàiste sam bith a ghoirteachadh no a bhith fo iomagain. Tha sinn a' tuigsinn gum faod e a bhith doirbh bruidhinn ri clann mu rudan mar dhroch-dhìol. Nì sinn seo le cùram gus nach bi eagal air clann, ach gus am bi iad a' tuigsinn gu bheil còraichean aca a thaobh sàbhailteachd agus dìon bho chron, agus gum faod iad bruidhinn ri inbhich aig a bheil gaol orra agus a bhios a' coimhead às an dèidh ma tha iomagain orra aig àm sam bith.

Brosnaichidh sinn a' chlann gus cuid den obair aca a thoirt dhachaigh airson a shealltainn dhuibh. Ma tha dragh oirbh mu shàbhailteachd no sunnd ur pàiste, faodaidh sibh fios a chur chun na sgoile/a' chlub agus bruidhinn ri neach-obrach.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Còignear inbheach sa bheil earbsa agam
- Burraidheachd
- Droch-dhìol fiosaigeach agus dearmad
- Droch-dhìol feiseil

Nòtaichean Tidseir

